

Bidh mi a' cuideachadh mo sheanar anns a' ghàrradh bho àm gu àm. Aon latha samhraidh agus sinn a' dùsgadh an talaimh timcheall nam flùraichean le forc, chunna sinn seillean. Bha mi ga choimhead a' gluasad eadar na flùraichean brèagha dathach. Sgèith e a-null air a shocair gu far an robh mi fhèin agus mo sheanair nar seasamh. Ghabh mise eagal nuair a thàinig e faisg orm. Bha e a' sgiathalaich mu mo cheann 's mu mo bhroilleach. Thuirtean Seán rium fuireach nam thàmh agus 's e sin a rinn mi gus an deach an seillean air ais a mheasg nam flùraichean.

Nuair a bha mi air Clas 1, bhiodh sinn a' ruith thairis air na làithean gach madainn. 'S ann mar sin a dh'ionnsaich mi iad. Tha iad agam air bàrr mo theanga, agus a-nis, tha mi ag ionnsachadh ciamar a sgrìobhas mi iad.

Diluain

Dimàirt

Diciadain

Diardaoin

Dihaoine

Disathairne

Latha na Sàbaid / Didòmhnaich

Nuair a bha sinn ag ionnsachadh mu chaistealan san sgoil, dh'iarr an tidsear oirnn sgeulachd a sgrìobhadh mu rùm dìomhair a bha diùc a' cumail glaiste.

Dh'fheumadh sinn innse cò ris a bha an rùm coltach agus dè na rudan a bha ann. Dh'fheumadh sinn cuideachd innse carson a bhiodh an diùc ga ghlasadh.

Sgrìobh mise gur e rùm mòr a bh' ann, le bòrd fada air a sgeadachadh le soithichean agus uidheaman-ithe airgid far am biodh cuirm ga cumail aon uair sa mhìos don luchd-obrach airson cho dìleas agus cho dìcheallach 's a bha iad dhan diùc. Cha b' àbhaist gum biodh an luchd-obrach ag ithe ann an rùm cho spaideil 's mar sin, b' e dinnear shònraichte a bh' ann dhaibh gach mìos. B' e duine gasta a bh' anns an diùc.

Feumaidh mi èirigh tràth a-màireach oir tha Oighrig a' tighinn air saor-làithean chun an taigh' againn. Thig i air an aiseag thràth. Tha slighe fhada aice ri thighinn à Barraigh. Tha mi an dòchas gum faigh sinn sìde mhath gus am faigh sinn air a bhith a' cluich a-muigh. Thuir mo charaid, Seònaid, gun tigeadh ise a chluich còmhla rinn cuideachd. Bidh tòrr spòrs againn a' cluich anns a' ghàrradh agus anns a' phàirc a tha faisg air an taigh againn.

B' ann anns an Dùbhlachd a thachair seo. Cha robh mo sheanair a' faireachdainn glè mhath. Bha e ann am pian. Bha lot mòr air a chois. Cha b' urrainn dha coiseachd. Chuir sinn a dh'iarraidh carbad-eiridinn airson a thoirt dhan ospadal. Bha e san ospadal airson seachdain agus bhithinn fhèin agus mo cho-ogha a' dol a choimhead air gach feasgar. Thòisich e a' dol am feabhas aig an taigh agus bhiodh sinn a' dol cuairt ghoirid còmhla ris. Bha sin na dhùbhlann dha an toiseach ach cha b' fhada gus an robh e a' faireachdainn làidir a-rithist.

Thilg an spuinneadair-mara spaid gu tìr agus rinn e cinnteach gun robh am map agus a' chombaist na phòcaid mus do leum e fhèin. Cheangail e am bàta ri clach le ròp.

Thug e cola-deug a' ruighinn an eilein. Cola-deug de shìde ghrianach, theth 's gun aige ach beagan uisge ri òl agus beagan bìdh ri ith'.

Bha e air bhioran 's e cho faisg air a' chiste-ionmhais fhaighinn dha fhèin! Sheall e ris a' mhap agus chleachd e a' chombaist airson a' chist' a lorg.

Thòisich e ri cladhach leis an spaid. Cha b' fhada gus an do dh'fhairich e rudeigin cruaidh fo ghob na spaid. Abair gàirdeachas, ach gu mì-fhortanach, cha robh ann ach clach!

Latha agus mi san sgoil, dh'fhàs mo
bhrù goirt. Dh'iarr mi a dhol dhachaigh
agus dh'fhòn an tidsear gu mo mhàthair.
Thàinig Mamaidh air mo thòir. Bha an
càr aice blàth agus bha i a' dràibheadh
luath air rathad camagach. Thuirt mi rithe
gabhail air a socair, gun robh mi a' dol
a dhìobhairt ach cha do dh'èist i! Chuir
mi a-mach mus do ràinig sinn an taigh.
Ghlan Mamaidh an càr an dèidh dhomh a
dhol nam shìneadh air an leabaidh.

Tha iomadach seòrsa obair aig neach-lagha ri dhèanamh. Feumaidh neach-lagha cùisean agus pàipearan ullachadh, rannsachadh a dhèanamh, nochdadh sa chùirt bho àm gu àm airson daoine a chuideachadh, formaichean a lìonadh a-steach, taighean a reic agus comhairl' a thoirt seachad. Faodaidh neach-lagha obair fhaighinn ann an diofar roinnean a rèir 's dè an seòrsa obair bu chaomh leotha a dhèanamh.

Tha sinn a' dol a shreap nam beann faisg air Peairt. Bheir sinn leinn combaist agus map gus an cùm sinn ris an t-slighe cheart, бага le biadh agus uisge, brògan mòra, aodach blàth, teant agus pocannan-cadail.

Cha robh mi a' sreap a-riamh ach tha mi a' coimhead air adhart ris. Tha sinn a' dol a champachadh aig àite-campachaidh.

Bruichidh sinn ar biadh air stòbha gas. Bheir sinn leinn burgaran agus isbeanan agus rolaichean agus deochan sùgh-measa. Togaidh sinn teine agus bidh cèilidh againn far am bi sinn a' seinn òrain timcheall air an teine gus an tèid sinn a chadal.